

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**Airson Sgaoileadh sa bhad**

**30/06/2014**

## **Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig a' Cur Fàilte air Adhartas gu Ruige Stiùireadh airson Feuman Taice a Bharrachd ann am Foghlam Gàidhlig**

Às dèidh dha beachdan fhaighinn bho Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig aig Pàrlamaid na h-Alba, bidh Rùnaire a' Chaibineit airson Slàinte is Fallaineachd, Ailig Neil BPA, a' coinneachadh ri riochdairean bho Bhòrd na Gàidhlig agus Roinn Slàinte Riaghaltas na h-Alba gus bruidhinn air toraidhean co-obrachaidh a bheir taic do chloinn le feuman taice a bharrachd (FTB) ann am Foghlam tron Ghàidhlig. Choinnich a' bhuidheann air 25 Ògmhios, agus chuala iad mun adhartas a rinneadh ann a bhith comharrachadh nam feuman sin, ann a bhith cruthachadh ghoireasan agus ann a bhith co-roinn deagh mhodhan-obrach ann an diofar raointean bhon àm a tharraing a' bhuidheann aire dhaoine chun na cùise seo an toiseach o chionn 18 mìosan.

Bha Bòrd na Gàidhlig air sgrùdadh a bharantachadh le Eòlaiche-inntinn airson Foghlaim, Eàirdsidh MacLulaich, far an deach iarraidh air a h-uile Sgoil is Aonad Gàidhlig agus Leasaiche Cainnt is Cànain (LCC) pàirt a ghabhail. B' e adhbhar an sgrùdaidh: na bha dhìth a thaobh trèanaidh, na goireasan a th' ann a-cheana agus na deagh mhodhan-obrach a chomharrachadh gus taic a chumail ri cloinn le FTB ann am Foghlam tron Ghàidhlig. An uair sin, chaidh Stòrlann, a' bhuidheann a bhios a' cruthachadh ghoireasan foghlaim Gàidhlig do sgoiltean, a bharantachadh le taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba gus goireasan a chruthachadh a bheireadh taic do thidsearan, leasaichean cainnt is cànain, clann agus pàrantan. Dh'obraich luchd-foghlaim, LCC, Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba ann an co-bhuinn gus na goireasan sin a chruthachadh. Chaidh co-labhairt a chur air dòigh airson aon latha, Diluain 23 Ògmhios, air FTB, a' gabhail a-steach leasachadh cainnt, cànain is conaltraidh, agus am measg na feadhna a thug òraid seachad bha riochdairean bho Stòrlann, Bòrd na Gàidhlig, Colaiste Rìoghail nan Leasaichean Cainnt is Cànain, sgoilearan agus luchd-dreuchd.

Thuir Cathraiche Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig, Aonghas Dòmhnallach BPA: "Às dèidh dhuinn taisbeanadh fiosraichte is inntinneach fhaighinn bho Eàirdsidh MacLulaich is Dòmhnall MacGilleMhoire bho Stòrlann, bha sinne mar Bhuidhinn gu mòr air ar misneachadh leis an adhartas a chaidh a dhèanamh bho chuir sinn beachdan gu Rùnairean a' Chaibineit airson Slàinte is Fallaineachd agus Foghlaim is Ionnsachadh Fad-beatha an toiseach. Bha fios againn gun robh clann

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



ann am Foghlam tron Ghàidhlig le feuman taice a bharrachd, dìreach mar a gheibh thu ann am foghlam tron Bheurla, agus tha sinn an dòchas gun toir e misneachd do phàrantan gu bheil a-nis a' coimhead ris a' chùis seo. Tha seo glè iomchaidh, thoradh gu bheil Riaghaltas na h-Alba gu bhith cumail co-chomhairle air mar a tha còir aig pàrantan air Foghlam tron Ghàidhlig."

Thuir an Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, Màiri NicIlleMhaoil: "Tha fios againn gu bheil beachd gu math soilleir an cois an Stiùiridh air Deagh Mhodhan-obrach aig Colaiste Rìoghail nan Leasaichean Cainnt is Cànan air a' chùis seo, "gu bheil dà-chànanas na bhuannachd do phàiste no inbheach agus gur ann ainneamh a tha e ag adhbharachadh dhuilgheadasan cànan no gan dèanamh nas miosa." Faodaidh na h-adhbharan air cùl nam feuman taice a bharrachd seo a bhith gu math eadar-dhealaichte, agus 's e a tha dhith oirnn goireasan measaidh is taice iomchaidh stèidhichte air fianais agus a fhreagras air feuman na cloinne a tha ann am foghlam tron Ghàidhlig. Fhuaras molaidhean aig a' cho-labhairt air 23 Ògmhios, agus mar thoradh orra sin thèid buidheann-obrach le diofar luchd-dreuchd is bhuidhnean a stèidheachadh a bheir stiùir ro-innleachdail is cho-obrachail dhuinn gus frithealadh air feuman na cloinne ann am Foghlam tron Ghàidhlig.

"Gus cuideachadh le sin, feumar obair a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig gach neach-dreuchd slàinte is foghlaim air na Slatan-tomhais airson Deagh Mhodhan-obrach agus an stiùireadh a th' ann an-dràsta airson FTB agus gun cuir iad an sàs iad sin chun na h-aon ìre airson gach pàiste, a' gabhail a-steach clann ann am FtG - agus gus dèanamh cinnteach gu bheil deagh mhodhan-obrach gan cur an sàs air feadh sgoiltean Gàidhlig na h-Alba, a tha sìor fhàs."

Thuir Jane Reid, Ceannard Nàiseanta airson Cloinne is Òigridh aig Caidreachas an Luchd-dreuchd Slàinte, Riaghaltas na h-Alba, a bha na cathraiche air a' chiad bhuidheann-obrach: "Tha sinn air adhartas nach beag a dhèanamh ann a bhith co-obrachadh gus taic a chumail ri leasachadh cainnt, cànan is conaltraidh do chloinn le FTB ann am Foghlam tron Ghàidhlig. Bu thoil leam mo thaing a thoirt don a h-uile duine a bha an sàs sa cho-obrachadh sin agus a tha toirt an làn-thaice don bhuidhinn ro-innleachdail a chuidicheas le bhith daingneachadh nam modhan-obrach seo."

## DEIREADH

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios le ur toil gu Màiri NicIlleMhaoil, air 0141 341 1023 neo gu Jane Reid air 01382 424137 Fo-àireamh. 71137  
Twitter:@janerahpl**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**For Immediate Release**

**30/06/2014**

## **Cross-Party Group Welcome Progress Towards Guidance for Additional Support Needs in Gaelic Education**

Following representations from the Scottish Parliamentary Cross-Party Gaelic Group, the Cabinet Secretary for Health and Wellbeing, Alex Neil, will meet with representatives from Bòrd na Gàidhlig and Scottish Government Health department to discuss the outcomes of collaborative working which will support children with additional support needs (ASN) in Gaelic-medium Education. Meeting on Wednesday 25th June, the Group heard of the progress made in identifying these needs, the development of resources and sharing of current good practice in a number of areas since the group first drew attention to this issue 18 months ago.

Bòrd na Gàidhlig commissioned an audit, conducted by Educational Psychologist Archie MacLulich, in which all Gaelic-medium Education Schools & Units and associated Speech & Language Therapists (SLT) were invited to participate. The purpose of the audit was to identify training needs, current resources and good practice to support children with ASN in Gaelic Medium Education. Subsequently, Stòrlann, the organisation that produces Gaelic educational resources for schools, was commissioned with funding from Scottish Government to create resources to support teachers, speech & language therapists, children and parents. A partnership approach with education, SLT, Bòrd na Gàidhlig and Scottish Government was taken to develop these. A one-day conference on ASN including speech, language and communication development was held on Monday 23rd June, which included contributions from Stòrlann, Bòrd na Gàidhlig, The Royal College of Speech and Language Therapists, academics and practitioners.

Chairman of the Cross-Party Group, Angus MacDonald, MSP, said: "Following an informative and stimulating presentation by Archie MacLulich, and Donald W Morrison of Stòrlann, the Group was greatly encouraged by the progress since we made the original representations to the Cabinet Secretaries for Health and Wellbeing and Education and Lifelong Learning. We are aware that there are children in Gaelic-medium Education with additional support needs, as there are in the English-medium education, and we hope that parents will be encouraged by the fact that these issues are being addressed. This is particularly apposite in the context of the forthcoming Scottish Government consultation on parental entitlement to Gaelic-medium education."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Head of Education and Learning at Bòrd na Gàidhlig, Mary MacMillan said: “We know that Good Practice Guidance from The Royal College of Speech and Language Therapy is quite clear that “bilingualism in a child or adult is an advantage and rarely the cause, or exacerbating feature, of any language difficulty.” The roots of such needs can be quite diverse and we need appropriate evidence based tools for assessment and intervention, relevant to the needs of children being educated through the medium of Gaelic. Following recommendations from the conference on the 23rd of June, a multi-disciplinary and multi-agency practitioner-working group will be set-up to agree a strategic and collaborative approach to meeting the needs of children in Gaelic-medium Education.

To support this, work is needed to ensure all practitioners in health and education are aware of, and implement Best Practice Standards and current ASN guidance equally for all children, including those in GME – and to spread good practice across Scotland’s growing number of GME schools.

Allied Health Professions National Lead for Children & Young People, Scottish Government, Jane Reid who chaired the initial working-group, said “Significant progress has been made in collaborative working to support speech, language and communication development for children with ASN in Gaelic Medium Education. I would like to formally thank all those who have been involved & fully support the development of the strategic group to embed this in practice.

**ENDS**

**For more information about the content of this press release, contact Mary MacMillan on 0141 341 1023 or Jane Reid on 01382 424137 Ext. 71137 / Twitter:@janerahpl**